

Litir do Luchd-Ionnsachaidh le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk **

O chionn ghoirid, chuir mi seachad seachdain ann a bhith a’ coiseachd air slighe a tha a’ dol faisg air ceud mìle air taobh an iar na h-Alba. ’S e an t-ainm a th’ oirre “Slighe Taobh an Iar na Gaidhealtachd” agus tha i a’ ruith eadar Muileann Dhaidh, air iomall Ghlaschu, agus an Gearasdan.

Bha mi fortanach oir bha an aimsir uabhasach fhèin math. Cha robh sgeul air uisge fad na seachdain, agus bha i blàth no teth a h-uile là, leis a’ ghrian a’ deàrrsadh à adhar gorm. Cha tug mi mo chòta, miotagan no ad a-mach às mo mhàileid eadar an toiseach agus an deireadh, agus cha robh mo gheansaidh orm ach airson fichead mionaid air aon là aig mullach cnuic far an robh a’ ghaoth ann. Tha sin iongantach ann am meadhan a’ Ghiblein.

Chòrd mo thuras rium agus thàinig mi tarsainn air mòran rudan co-cheangailte ri dualchas nan Gaidheal fhad ’s a bha mi a’ coiseachd bho dheas gu tuath. An-diugh, agus anns na seachdainean romhainn, bheir mi sùil air an dualchas co-cheangailte ris an dùthaich sin.

Tòisichidh mi aig toiseach mo shlighe. Tha cuid dhen bheachd gur e Muileann Dhaibhidh a th’ air “Milngavie” ann an Gàidhlig, is tha feadhainn eile a’ dèanamh a-mach gur e Muileann Gaoithe a th’ ann, ach tha mi a’ leantainn an litreachaidh aig Micheal Newton, sgoilear Aimeireaganach a rinn rannsachadh mòr air an sgìre – Muileann Dhaidh. Sgrìobh Micheal leabhar math mu dhualchas Gàidhlig na sgìre, air a bheil “Bho Chluaidh gu Calasraid”. Tha e dà-chànanach, tha e air fhoillseachadh le “Acair” agus mholainn gu mòr dhuibh e.

’S e an t-ainm Gàidhlig a th’ air an sgìre eadar Muileann Dhaidh agus ceann a tuath Loch Laomainn – *Leamhnachd*. Thathar a’ dèanamh dheth gu bheil ceangal eadar Leamhnachd agus an leamhan, a’ chraobh-leamhain – *Ulmus glabra*, ris an canar “elm” ann am Beurla. ’S ann à *leamhan* a thàinig ainm na h-aibhne a sruthas à Loch Laomainn – *the River Leven*, mar a chanar rithe ann am Beurla. A rèir an sgoileir, Uilleam MacBhàtair nach maireann, b’ e “*elm-water*” ciall an ainm bho thùs.

Anns an tuiseal ghinideach, tha leamhan ag atharrachadh gu an dà chuid, leamhain agus leamhna. ’S e Magh Leamhna a’ Ghàidhlig a th’ air *Vale of Leven*, an srath trom bi an abhainn a’ sruthadh. Agus gu h-inntinneach, ’s e an seann ainm a bh’ air Loch Laomainn – Loch Leamhain no Loch Leamhna.

Ciamar, ma-thà, a fhuair an loch an t-ainm Loch Laomainn? Uill, tha e furasta gu leòr a mhìneachadh. Tha beinn àrd faisg air an loch air a thaobh an ear air a bheil Beinn Laomainn. Tha laomainn a’ tighinn bho sheann fhreumh Ceilteach a tha a’ ciallachadh *beacon*. Ma choimheadas sibh ann am faclair Dwelly, chì sibh gu bheil *laom* a’ ciallachadh “*blaze of fire*”, agus bha a leithid de dh’fhacal ann o shean air bilean an t-sluaigh, an dà chuid ann an Gàidhlig agus anns an t-seann chànan Bhreatannach.

’S e Beinn Laomainn, ma-tha, *Beacon Mountain*, agus ’s e sin a’ chiall cuideachd a th’ air na cnuic ann am Fìobh air a bheil *the Lomond Hills*. Co-dhiù, chaidh ainm Loch

Leamhna atharrachadh o chionn fhada gu Loch Laomainn. Ghabh an loch ainm na beinne air fhèin. Mura b' e sin, tha fhios gur e Loch Leven a chanadh daoine ris ann am Beurla agus tha, mu thràth, dà loch eile air a bheil an t-ainm sin. An ath-sheachdain, bheir mi air chuairt sibh tro Leamhnachd agus bheir sinn sùil air beagan de dhualchas na Gàidhlig anns an sgìre.

* * *

Faclan na seachdaine: Muileann Dhaidh: *Milngavie*; an Gearasdan: *Fort William*; fortanach: *lucky*; geansaidh: *jumper*; dà-chànanach: *bilingual*; Loch Laomainn: *Loch Lomond*; Beill Laomainn: *Ben Lomond*; Leamhnachd: *Lennox*; leamhan, craobh-leamhain: *elm tree*; an dà chuid: *both*; freumh: *root*; cnuic: *hills*.

Abairtean na seachdaine: chuir mi seachad seachdain: *I spent a week*; Slighe Taobh an Iar na Gaidhealtachd: *The West Highland Way*; cha robh sgeul air uisge fad na seachdain: *there was no sign of rain all week*; leis a' ghrian a' deàrrsadh à adhar gorm: *with the sun shining from a blue sky*; cha tug mi mo chòta, miotagan no ad a-mach às mo mhàileid: *I didn't take my coat, gloves or hat out of my rucksack*; aig mullach cnuic: *on the top of a hill*; chòrd mo thuras rium: *I enjoyed my journey*; Bho Chluaidh gu Calasraid: *From the Clyde to Callander*; mholainn gu mòr dhuibh e: *I would heartily recommend it to you*; mar a chanar rithe ann am Beurla: *as it is called in English*; a rèir an sgoileir, Uilleam MacBhàtair nach maireann: *according to the scholar, the late William (W J) Watson*; ciall an ainm bho thùs: *the original meaning of the name*; faisg air an loch air a thaobh an ear: *close to the loch on its east side*; mura b' e sin: *if it weren't for that*.

Puing-ghràmar na seachdaine: Sgrìobh Mìcheal leabhar math mu dhualchas Gàidhlig na sgìre: *Michael wrote a good book about the Gaelic heritage of the area. I would like to make a point about the simple preposition mu when it is not followed by an article. It lenites a lenitable consonant in the following noun but any adjective following the noun does not have to be similarly qualified. Thus, with the masculine noun dualchas we get mu dhualchas Gàidhlig na sgìre, not mu dhualchas Ghàidhlig na sgìre. However, as the noun is in the dative or prepositional case following mu, when the article is included, as in the compound form mun, the adjective then lenites in a similar way to the noun (or as a lenitable noun would behave) according to grammatical rules. Thus we would say an cuala tu mun chìobair mhòr? (did you hear about the big shepherd?), not mun chìobair mòr. But note that we would say mun dualchas Ghàidhlig a th' aig an sgìre. In this instance, the "d" does not lenite following the "n" in mun, but Gàidhlig is lenited, as required by the rules.*

Gnàths-cainnt na seachdaine: Bha an aimsir uabhasach fhèin math: *the weather was fantastic. The fhèin here may seem strange, but it simply operates as an emphasising or strengthening element. You could simply say uabhasach math, but the fhèin strengthens it even more.*

* "*Litir do Luchd-Ionnsachaidh*" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig